

## Fiosrachadh do luchd-tagraidh dha dreuchdan saor-thoileach

### A' lionadh an fhoirm-thagraidh

Bu chòir am foirm a lionadh ann an CEANN-LITRICHEAN agus inc dhubh no clò-sgrìobhadh. Smaoinichibh gu cùramach mu na ceistean agus thoiribh làn fhreagairt dhaibh. Cuidichidh seo sinn a dhèanamh cinnteach gu faigh an tagradh agaibh làn bheachdachadh cothromach. Cha bu chòir dhuibh Cunntas Beatha a chur an cois an tagraidh.

Bhiodh e cuideachail don iomairt cho-ionannachd agus iomadachd againn nan lionadh sibh am **Foirm Dearnachaidh Co-ionannachd Chothroman** agus nan cuireadh sibh air ais e an cois an tagraidh.

Bidh sinn ag iarraidh air a h-uile neach-tagraidh 'son dreuchdan saor-thoileach am *Foirm Dearnachaidh Co-ionannachd Chothroman* a lionadh agus a thilleadh leis an tagradh aca. Thèid am fiosrachadh a thilleas sibh thugainn a mheas gu prìobhaideach agus gun urra, agus cha tèid a chleachdadh ach airson ar in-ghabhaltachd a measadh. Ged a tha am fiosrachadh a bheir sibh seachad luachmhor dhuinn chan eil e riatanach am foirm a lionadh.

### An dòigh-obrach againn a thaobh Co-ionannachd agus Iomadachd

Tha Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba leigte air co-ionannachd chothroman agus iomadachd a chur air adhart. Tha sinn a' cur luach mòr air na h-eachdraidhean, sgilean, seallaidhean agus eòlasan eadar-dhealaichte a bhios daoine a' toirt thugainn. Tha an dealas againn airson co-ionannachd agus iomadachd a' buntainn ri luchd-obrach saor-thoileach cuideachd agus tha sinn a' cur fàilte air a h-uile duine sa choimhearsnachd a chur a-steach airson dreuchdan saor-thoileach. Cha dèan sinn leth-bhreith an-aghaidh neach-obrach saor-thoileach sam bith air adhbhar gnè, gnèitheachd, leatromachd, ciorram, aois, cinneadh, dath, nàiseantachd, bunadh, pòsadh no companas-catharra, no creideamh.

### Ciorram

Tha an Achd Leth-bhreith Ciorramachd 1995 a' sònrachadh ciorramach mar:  
*'Cuideigin le bacadh cuirp no inntinn a bheir droch bhuidh shusbainteach, fhad-ùine air an comas gnìomhan làitheil a choileanadh.'*

Tha e aithnichte nach iad daoine le ciorram follaiseach (m.e. daoine dall no ann an cathair-cuibhle) a-mhàin a tha ciorramach ach cuideachd daoine le ciorram nach fhaicear air ball (m.e. tinneas cridhe, tinneas inntinn, an tinneas tuiteamach, no tinneas an t-siùcair).

### Fiosrachadh mun Chiorram agaibh

Tha e cudromach, ma shaoileas sibh gu bheil ciorram oirbh a dh'fheumas rianan sònraichte a chur air dòigh airson na h-obrach a dèanamh, gun toir sibh dhuinn am fiosrachadh iomchaidh gu lèir nuair a nì sibh tagradh; a' cleachdadh an *Foirm Dearnachaidh Co-ionannachd Chothroman*. Tha sinn an dòchas gu seall sibh air seo

mar chothrom leigeil leinn taic no cuideachadh sam bith a shaoileas sibh riatanach a thoirt dhuibh, le bhith ag innse ma tha pàirtean sam bith den dreuchd a shaoileadh sibh a bhiodh duilich a dhèanamh, agus le bhith a' moladh fhuasglaidhean a th' agaibh (sgrìobhaibh air duilleag a bharrachd ma dh'fheumas sibh). Tha am fiosrachadh seo feumail dhuinn gus seachnadh ro-bheachdan mun chiorram agaibh agus a' smaoinneachadh mu fheumalachdan a dh'fhaodadh a bhith agaibh.

### **Taghadh**

Tha taghadh luchd-obrach saor-thoileach a rèir cò as motha a fhreagras air feumalachdan na dreuchd shaor-thoilich a thaobh eòlas, factainneachd, sgil, eòlas no dòigh-smaoinneachaidh. Thèid iarraidh air tagraidhean thighinn gu Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba airson còmhradh neo-fhoirmeil gus tuilleadh fhaighinn a-mach mar deidhinn feuch a bheil an dreuchd freagarrach dhaibh.

### **Ion-roghnachd airson obair gu saor-thoileach san Rìoghachd Aonaichte**

Chan eil bacadh sam bith oirbh obair gu saor-thoileach ma tha sibh às an Aonadh Eòrpach no Roinn Eaconamach na h-Eòrpa (seach Romàinia agus Bulgàiria). Faodaidh Fògarraich agus Comraichean a tha a' fuireach san RA obair gu saor-thoileach cuideachd fo stiùireadh ùr bho Oifis na Dùthcha.

Mas e oileanach bho thall-thairis a th' annaibh (sin, taobh a-muigh Roinn Eaconamach na h-Eòrpa) ag ionnsachadh air **bhìosa oileanach** faod sibh obair gu saor-thoileach suas gu 20 uair a thìde san t-seachdain, ach feum sibh dearbhadh a thoirt dhuinn air an àite-ionnsachaidh agaibh mus tèid dreuchd a thabhainn dhuibh.

Ma tha sibh air thighinn bho thaobh a-muigh na Roinn Eòrpa a dh'aon-ghnothach a dh'obair gu saor-thoileach am Breatainn, feumaidh sibh bhìosa Neach-obrach Saor-thoileach Ìre 5, ach gu mì-fhortanach, air sgàth nan riaghlaidhean laghail an cois an t-seòrsa sgrìobhainn seo, chan urrainn do Thaighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba bhur gabhail mar neach-obrach saor-thoileach. Tha e an urra ribhse dèanamh cinnteach dè na sgrìobhainnean a dh'fheumas sibh, agus mholamaid tadhal air làrach-lìn Bhuidheann Chrìochan na Rìoghachd Aonaichte aig Oifis na Dùthcha aig [www.bia.homeoffice.gov.uk/](http://www.bia.homeoffice.gov.uk/) 'son tuilleadh fiosrachaidh mu bhith ag obair gu saor-thoileach am Breatainn mas cuir sibh gnothaichean air dòigh leinn.

### **Tèarainteachd**

Gheibh a h-uile tagraiche soirbheachail sgrùdadh clàr-eucoirean bunasach tro Rùn-phàirteachadh na h-Alba..

### **Poileasaidh Dìon Chloinne**

Tha Poileasaidh Dìon Chloinne aig Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba. Gheibh a h-uile neach-obrach ùr stiùireadh air dìon chloinne mar a tha iomchaidh don dreuchd aca.

### **Cur an dreuchd**

Mus tèid tagraiche a chur an dreuchd feumaidh Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba a bhith cinnteach gun deach fiosrachadh àraidh a thugadh dhaibh a dhearbhadh gu dòigheil. Ma lorgar gun deach fiosrachadh breugach no meallta a thoirt seachad, dh'fhaodte an tairgse-obrach a thoirt air falbh.

**Tagraidhean coileanta**

Bu chòir tagraidhean coileanta a chur a-steach gu **Volunteers Coordinator, National Museums Scotland, Chambers Street, Edinburgh, EH1 1JF** ron cheann-latha san t-sanas-obrach.

**Ceistean**

Ma tha comhairle a bharrachd a dhìth oirbh mu lionadh an fhoirm, no mun dreuchd shaor-thoileach no dòighean-taghaidh, cuiribh fios chun an t-seòlaidh gu h-àrd, no fònaigibh gu 0131 247 4433.